

Cuspair 26

Outcomes

Digital content: speakgaelic.scot

B1

Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I am familiar with traditional stories and characters.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I can introduce and tell a story.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can understand and use common idiomatic phrases.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I am familiar with common traditional beliefs and superstitions.	Done? <input type="checkbox"/>

1. Ag aithris sgeulachdan | Telling stories

Leugh sinn beagan mun **taigh-chèilidh** 'the ceilidh house' ann an **A1 Cuspair 1**.

A bharrachd air seinn, cluiche ionnsramaidean, agus dannsa, bhiodh daoine ag **aithris sgeulachdan** aig an taigh-chèilidh. Bhiodh seo a' cumail nan seann sgeulachdan a' dol agus a' neartachadh nan sgilean Gàidhlig aig na bha an làthair. Tha cuid de na sgeulachdan traidiseanta a th' againn fhathast ann am **beul-aithris** 'folklore' gu math sean.



An toiseach, cluinnidh sinn diofar fhaclan a' ciallachadh **sgeulachd** ann an Gàidhlig:

sgeulachd *f* | story

sgeul *m* **sgeòil** *gen* | story

stòiridh *f* | story

naidheachd *f* | news, story

seanchas *m* | lore, saga, anecdote

uirsgheil *m* | tale, novel

Tha tòrr de na sgeulachdan a' cleachdadh abairtean snoga aig toiseach agus aig deireadh na sgeulachd, coltach ri sgeulachdan traidiseanta, 'fairytales', sa Bheurla.

Latha bha seo... | One day...

Uair dhan robh saoghal... | One upon a time...

O chionn fhada an t-saoghail... | Long long ago...

Fada ro linn do sheanar... | Long before your grandad's time...

Nuair a bha an saoghal òg... | When the world was young...

Latha dhan robh ann... | There once was a time...

Bruidhinn 🗣️ - Dèan còmhradh sa chlas mu na sgeulachdan air a bheil cuimhne agad fhèin: **A bheil cuimhne agad fhèin air sgeulachdan traidiseanta? Am biodh daoine ag innse, no a' leughadh, sgeulachdan mar seo dhut nad òige? Cò mu dheidhinn a bha na sgeulachdan agus dè bhiodh a' tachairt annta? Am biodh creutairean annasach annta?**

Tha dà ghnìomhair riaghailteach ann a bhios sinn a' cleachdadh airson a bhith ag ràdh gu bheil sinn **ag innse** no **ag aithris** sgeulachdan, 'telling or reciting stories'. Chì sinn na tràthan den ghnìomhair **innis** anns a' chlàr seo:

Innis! | Tell!

ag innse | telling

TRÀTH CAITHTE

An do dh'innis? ✓ **Dh'innis**

Nach do dh'innis? ✗ **Cha do dh'innis**

... gun do dh'innis **... nach do dh'innis**

TRÀTH TEACHDAIL

An innis? ✓ **Innsidh**

Nach innis? ✗ **Chan innis**

... gun innis **... nach innis**

TRÀTH CUMHACH | CAITHTE GNÀTHACH

An innseadh? ✓ **Dh'innseadh**

Nach innseadh? ✗ **Chan innseadh**

... gun innseadh **... nach innseadh**

+ MI

✓ **Dh'innsinn**

✗ **Chan innsinn**

... gun innsinn

+ SINN

✓ **Dh'innseamaid**

✗ **Chan innseamaid**

... gun innseamaid

Sgrìobh ✎ - Theirig gu **26B Duilleag Obrach** a-nis far a bheil clàr eile ann airson a' ghnìomhair riaghailteach: **aithris**. Lìon na beàrnann anns a' chlàr leis na cruthan cearta den ghnìomhair, a' leantainn a' phàtrain a chì sinn le **innis** an seo.

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Arsa mise...



We often hear the **gnìomhair neo-iomlan** 'defective verb': **arsa** 'said' used by people who are reciting stories or reporting what they, or someone else said. This is like the old fashioned: 'says/said I', 'says/said he' or 'says/said she' used when recounting what was said. There is only the one past tense form, this verb can't be used to ask questions, or give negative statements and does not have future or conditional tenses:

- **'Thalla dhachaigh' ars' am bodach.** | 'Away home' says the old man.
- **'Dèan thusa na thogras tu' arsa mise ris.** | 'You do as you please' says I to him.

Tha òran beag èibhinn anns a bheil **arsa** a' nochdadh gu tric, air a bheil **lal, lal, Ars' A' Chailleach**. 'S e **port à beul** a tha seo 'mouth music'. 'S e stoidhle-chiùil thraidiseanta a tha seo anns a bheil **fuaimnean** 'sounds' nach eil a' ciallachadh dad agus loidhnichean goirid èibhinn.

Èist 🎧 ris a' chlàradh air iPlayer: www.bbc.co.uk/programmes/p0fcgfwd agus **Leugh** 📖 na faclan a gheibh thu air **Bliadhna nan Òran** an seo: www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/puirt_a_beul/

lal, lal, Ars' A' Chailleach

♪♪ *lal, lal, lal, lal, lal, lal, ars' a' chailleach,*

lal, lal, lal, lal, lal, lal, ars' a' chailleach,

lal, lal, lal, lal, lal, lal, ars' a' chailleach,

Itheam bò, thogaidh ò, itheam bò, ars' am bodach. ♪♪

2. An cuala tu a-riamh...? | Did you ever hear...?

An cuala tu a-riamh mu **Fhionn MacCumhail** agus **An Fhèinn**? 'S e gaisgich mhòra a bh' annta ann an cultar na Gàidhlig, coltach ri gaisgich na Grèige mar *Hercules*.

Leugh 📖 an earrann seo an toiseach leat fhèin agus an uair sin, leughaidh turas mu seach i don chlas:

O chionn fhada an t-saoghail bha fear air an robh Fionn MacCumhail. 'S e duine air leth a bh' ann. Bha e calma agus bha e làidir. 'S e gaisgeach a bh' ann. Bha e na cheannard air treubh mhòr de ghaisgich ris an canadh iad **An Fhèinn**.

Nuair a bha e na bhalach òg, bha e a' fuireach còmhla ri seann **draoidh** air an robh Finéagas. Bha Finéagas air a bheatha a chur seachad a' sireadh bradan **seunta**. B' e **Am Bradan Fios** an t-ainm a bh' air a' bhradan seo air sgàth 's gum biodh fios iomlan air gach rud fon ghrèin aig an neach a bhlaiseadh e. "Bhon a tha mi air a bhith **air tòir** an èisg seo fad mo bheatha, chan fhaod ach mi fhèin a-mhàin a bhlasadh ma ghlacas sinn e", arsa Finéagas ri Fionn.

Aon latha goirid às dèidh sin, ghlac Finéagas am bradan is dh'èigh e air Fionn "Tha e agam! Tha e agam! Ghlac mi Am Bradan Fios!". "Cuir thusa teine gu dol, Fhionn, airson am bradan a bhruidh", arsa Finéagas ri Fionn. Rinn Fionn mar a chaidh iarraidh air. Nuair a bha Fionn a' bruich an èisg air an teine, chunnaic e **bolg** ag èirigh air a' bhradan agus **spreadh** e le òrdag e. Ach loisg e òrdag agus chuir e na bheul i. **Gun fhiosta dha**, bha Fionn air Am Bradan Fios a bhlasadh! "Dè idir a rinn thu!", arsa Finéagas ri Fionn nuair a chunnaic e na bha air tachairt, "Bidh fios iomlan agadsa a-nis air gach rud air an t-saoghal."

Bhon latha sin a-mach, cha leigeadh Fionn leas ach òrdag a chur na bheul, agus bìdeadh oirre, agus bhiodh fios aige air gach rud fon ghrèin. Bhiodh e comasach dha innse dè bhiodh a' tachairt mus tachradh e, no innse càit an robh duine a bh' air chall, no innse dè bha cuideigin ris, ged a bhiodh an duine sin mìltean thar mhìltean air falbh bhuaithe.

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid sa chlas, dèan còmhraidh mun sgeulachd seo: **An cuala tu riamh mun Bhradan Fios?**



An Fhèinn *f* | The Fingalians

draoidh *m* | druid

seunta *adj* | enchanted

Am Bradan Fios | The Salmon of Knowledge

air tòir *prep* | in pursuit of

bolg *f* | blister, bulge

spreadh! *v* | explode!, burst!

gun fhiosta do | unbeknown to

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Ann an dithisean, no ann am buidhnean beaga, dèanaibh còmhradh mu dheidhinn nan ceistean seo agus sgrìobhaibh ur freagairtean:

1. Dè seòrsa duine a bh' ann am Fionn MacCumhail, cò ris a bha e coltach?

2. Cò bh' ann am Finéagas, dè bha e a' lorg agus carson?

3. Ciamar a fhuair Fionn fios iomlan air a h-uile rud air an t-saoghal?

4. A bheil thu a' smaoinichadh gur e mearachd a bh' ann no an robh Fionn ag iarraidh an fhiosrachaidh a gheibheadh e bhon bhradan?

5. Dè na comasan a thug Am Bradan Fios do dh'Fhionn agus dè dh'fheumadh e a dhèanamh airson na comasan sin fhaighinn?

Bruidhinn 🗣️ - Dèan còmhradh le caraaid no ann am buidheann beag sa chlas:

- An cuala tu sgeulachdan le gaisgich mhòra annta nuair a bha thu òg? Cò na gaisgich a bhiodh a' nochdadh anns na sgeulachdan?
- Am biodh tu a' cluinntinn mu na gaisgich eachdraidheil, a leithid: *Hercules, Achilles, Thor, Beowulf, Boudicca, Pocahontas, Robin Hood*, is daoine mar sin?
- Am biodh tu a' cluinntinn mu characteran litreachais, a leithid: *Peter Pan, Bilbo agus Frodo Baggins, Cinderella, Tintin, Ariel 'The Little Mermaid', Uilebheist Frankenstein*?
- No am b' iad gaisgich an latha an-diugh a bhiodh tu a' cluinntinn mu dheidhinn, a leithid: *Superman, Batman, Catwoman, Luke Skywalker, Wonder Woman*?

Sgrìobh ✎ - Cò an sgeulachd a b' fheàrr leat fhèin nuair a bha thu òg? Sgrìobh geàrr-chunntas air an sgeulachd sin: **Cò na caractaran a bh' anns an sgeulachd? Dè thachair san sgeulachd? Carson a b' e sin an sgeulachd a b' fheàrr leat?**

... gus sgeul fada a chur an giorrad | ... to cut a long story short

3. Na seann sgeulachdan | The old stories

Tha tòrr characteran is chreutairean eile ann a bhios a' nochdadh gu tric ann an sgeulachdan Gàidhlig, agus air am bi muinntir na h-Alba air fad eòlach cuideachd. 'S cinnteach gur e an t-**each-uisge** 'kelpie' as ainmeile dhiubh. Bidh a' mhòr-chuid againn eòlach air **Na h-Eich-uisge** anns an Eaglais Bhric! 'S iad sin na h-eich mhòra mheatailt anns an dealbh seo, am faca tusa a-riamh iad?



Anns a' bhogsa seo, chì sinn cuid de na creutairean agus na comasan a tha cumanta ann am beul-aithris agus ann an sgeulachdan traidiseanta.

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh mu na creutairean seo: **A bheil thu eòlach air sgeulachd sam bith mu na creutairean seo?**

each-uisge *m* | kelpie, water-horse

sìthiche(an) *m* | fairy

ùraisg *m* | brownie, goblin

fuamhaire *m* | giant, Fomorian

an t-Seilche *f* | loch-dwelling monster

an dà-shealladh *m* | the second sight

an droch-shùil *f* | the evil eye

manadh *m* | omen, sign

taibhse *f* | apparition, ghost

bòcan *m* | ghost, spectre, goblin

Sgrìobh ✎️ + **Bruidhinn** 🗣️ - Ma chuala tu naidheachd mu ghin de na creutairean seo, sgrìobh geàrr-chunntas dhith sa Ghàidhlig agus innis an sgeulachd don chlas. Mura cuala tu sgeul sam bith, feuch gum faigh thu sgeulachd bheag air-loidhne! Dèan còmhradh an uair sin a' cleachdadh nan ceistean seo:

- **A bheil thusa a' creidsinn ann an taibhsean is ann am bòcain? Carson?**
- **A bheil thu a' creidsinn gu bheil creutairean mar sìthichean is eich-uisge ann?**
- **Carson a bhiodh daoine ag innse sgeulachdan mu dheidhinn nan creutairean seo?**
- **Am faca tu a-riamh rudeigin annasach nach b' urrainn dhut a mhìneachadh?**
- **Dè mu dheidhinn an dà-sheallaidh, a bheil thu a' saòilsinn gum bi cuid de dhaoine a' faicinn rudan mus tachair iad?**

Tha fios fithich agad. | You have raven's knowledge.

Thèid dùthchas an aghaidh nan creag. | Blood is thicker than water. [lit. Heritage will go against the rocks. - Heritage is stronger than the rocks]

➔ Theirigibh gu [26A Duilleag Mìneachaidh, 26B Duilleag Obrach, 26C Duilleag Geama]

Còmhradh:

Coimhead 📺 - Illustrated Scenario 26 - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists

- Etta:** Nach math gu bheil thu a' faighinn dhachaigh, a Mhìcheil. Agus nas tràithe na bha thu an dùil. Bidh do theaghlach toilichte d' fhaicinn.
- Mìcheal:** Tha mo mhàthair air tòiseachadh air fuine mar-thà, agus tha m' athair gam thoirt gu Fèis nan Seanchaidhean. Tha seann duine gasta à Ceap Breatainn gu bhith ann. Tha seann sgeulachdan aige mu rudan mar sìthichean is manaidhean.
- Etta:** Bhiodh iad sin againne aig an taigh cuideachd.
- Mìcheal:** Nach ann às an t-Seann Dùthaich a thàinig iad bho thùs?
- Etta:** 'S ann. Chan eil càil nas fheàrr na stòiridh air a deagh innse.
- Mìcheal:** "Bha siud ann, o chionn fhad' an t-saoghail..."
- Etta:** Neo... "Uair a bha siud, ann an dùthaich fad às..."
- Mìcheal:** Gus an ruigeadh iad an deireadh, "agus sin mar a chuala mis' i!"
- Etta:** A' chiad sgeul air fear an taighe...
- Mìcheal:** 'S gach sgeul gu latha air an aoigh. 'S e na fireannaich a bu trice a bhiodh ag innse nan sgeulachdan anns an taigh-chèilidh.
- Etta:** Bha tòrr òran obrach aig na boireannaich – airson a bhith a' bleoghainn, a' snìomh is a' càrdadh, gun ghuth air na bha aca de dh'òrain luaidh.
- Mìcheal:** Bidh iad fhathast gan gabhail aig cuirmean is cèilidhean ann an Canada. Is toil le luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig dualchas na Gàidhlig. Tha Sophie air a beò-ghlacadh leis na seanfhacail agus na gnàthasan-cainnte.
- Etta:** Agus tòimhseachain. Feuch an tomhais thu dè tha seo... Thèid i a-null air an abhainn... 's thig i a-nall air an abhainn. Innsidh i sgeul 's cha chan i fhèin guth!
- Mìcheal:** Chan eil càil a dh'fhios a'm! Dè th' ann?
- Etta:** Litir!
- Mìcheal:** Is toil leamsa na h-abairtean mar, "cho coltach ri chèile ri dà sgadan!"
- Etta:** Agus "Am fear a ghoideadh an t-ugh, ghoideadh e a' chearc!" Dè mu dheidhinn sloinnidhean? A bheil muinntir "na dùthcha ùire" a' cumail nan sloinnidhean?
- Mìcheal:** Bha na seann daoine gan cumail suas. Rachadh cuid air ais sia no seachd de ghinealaichean. Is mise Mìcheal mac Mhìcheil, 'Ic Ruairidh, 'Ic Sheumais, 'Ic Iain.
- Etta:** Dè cho fad 's a bhios tu thall ann an Alba Nuadh?
- Mìcheal:** Chan eil mi cinnteach fhathast. Mar a chanadh sibh fhèin, bidh mi le "cas a' falbh agus cas a' fuireach"!
- Etta:** Tillidh tu ge-tà?
- Mìcheal:** Thugainn agus ceannaichidh mi glainne fìon dhuibh, agus faodaidh sibh tòimhseachan eile a chur orm!



4. Sgeulachdan na Fèinne | The Fingalian Tales

Dh'ionnsaich sinn beagan mu **Fhionn MacCumhail** agus **An Fhèinn** anns a' chiad phàirt den leasan seo, ach bha gu leòr ghaisgeach chliùiteach eile anns An Fhèinn!

An Fhèinn *f* | The Fingalians
na Fèinne *gin* | of the Fingalians
Fionn MacCumhail | Finn MacCool
Cù Chulainn | Cuchulainn

Diarmad Ó Duibhne | Diarmid O'Dyna
Gràinne | Grania, daughter of King Cormac
Oisean | Ossian, Finn MacCool's son
Meadhbh | Queen Maeve of Connacht

Tha tòrr sgeulachdan ainmeil mu dheidhinn na Fèinne, Diarmad agus Gràinne, Oisean an dèidh na Fèinne, gaisge Chù Chulainn is eile. Tha an sgeulachd mu **Dhiarmad agus Gràinne** gu math coltach ri sgeulachdan eile ann an litreachas na Roinn Eòrpa mu **thriantain ghaoil** 'love triangles': *Tristan and Iseult*, mar eisimpleir.

Tha làrach-lìn ann air a deasachadh le Ruairidh MacIlleathan air a bheil **gaisgeach.com** far am faigh sinn cuid de **Sgeulachdan na Fèinne**. Èist an seo ris a' chiad phàirt [0 - 3:10] de chlàradh na sgeulachd **Diarmad agus Gràinne**:

Èist 🎧 - www.gaisgeach.com/2021/06/28/diarmad-agus-grainne/

Tha tar-sgrìobhadh den phìos seo agus ceistean mu dheidhinn air **26B Duilleag Obrach**.

mac piuthar Fhinn | the son of Finn's sister
bathais *f* | forehead
ball-seirc *m* | beauty spot
gus nach fhaicte _ | so that _ wouldn't be seen
thar a chèile | fall out, in dispute

geas *m* | spell, enchantment
glasadh an latha | daybreak
muin-goibhre | goat's back
leac an dorais | doorstep
deud-fios | tooth of knowledge

Bruidhinn 🗣️ - Nuair a tha sibh air èisteachd ris a' chiad phàirt den sgeulachd air **gaisgeach.com**, bruidhnibh ann an dithisean mu dheidhinn an ath rud a thachras san sgeulachd, nur beachd-se, nuair a tha Diarmad agus Gràinne air a dhol gu Carraig: **Am faigh Fionn Iorg orra? Am marbh Fionn Diarmad? Ciamar?**

Sgrìobh ✍️ - Nuair a tha beachd agaibh airson deireadh an sgeòil, sgrìobhaibh sìos e is innsibh na sgrìobh sibh don chlas.



THE DEATH OF DIARMUID, THE LAST HANDFUL OF WATER 1945 - JACK BUTLER YEATS 1871-1957

5. Thug mi m' aghaidh air... | I headed for...

Chunnaic sinn abairtean gnàthasach airson a ràdh gu bheil sinn **a' falbh** no **a' dol a dh'àiteigin** ann an **A2 Cuspair 13**. Ach tha tòrr diofar dhòighean ann airson seo a ràdh sa Ghàidhlig. Bheir sinn sùil air cuid de dh'abairtean eile an seo.



Gabhaidh mise **sgrìob** don Eadailt as t-samhradh. Am bi thu fhèin **a' dèanamh air** àiteigin grianach?

Bithidh mi **a' dèanamh às aig Àm na Càisge**, ach cha bhi mi **a' dèanamh air** àiteigin grianach idir, bidh mi **a' dol a dh'Inbhir Nis!**

Faodaidh sinn **gabh** a chleachdadh an àite **rach**, agus còmhla ris an roimhear **air**, a tha a' ciallachadh gun deach thu a dh'àiteigin:

An do ghabh **sibh** an tràigh **oirbh** madainn an-diugh?

✓ **Ghabh.** Ghabh **sinn** an tràigh **oirnn** sa mhadainn fhad 's a bha muir-tràigh ann.

✗ **Cha do ghabh.** Cha do ghabh sinn a-mach idir madainn an-diugh.

Tha abairt eile coltach ri seo a chleachdas an gnìomhair riaghailteach **tog** 'lift, build' agus an roimhear **air**:

An do thog	mi	orm	-	?	➔	✓ Thog	mi	orm
Nach do thog	thu	ort	dhan tràigh			✗ Cha do thog	thu	ort
	e	air	a Ghlaschu				e	air
	i	oirre	gu Inbhir Nis				i	oirre
	sinn	oirnn					sinn	oirnn
	sibh	oirbh					sibh	oirbh
	iad	orra					iad	orra

Bruidhinn 🗣️ ri daoine eile anns a' chlas a' cur nan ceistean gnàthasach seo orra. Faighnich dhaibh cuin mu dheireadh a chaidh iad chun nan àitichean seo:


- an tràigh
- am baile-mòr
- Glaschu
- na h-Eileanan Siar
- a-null thairis

6. Càirdeasan teaghlaich | Family relationships

Gu tric ann an sgeulachdan, no nuair a bhios sinn ag innse naidheachd mu dheidhinn cuideigin eile, bidh sinn a' mìneachadh cò iad agus cò tha càirdeach riutha.

Dh'ionnsaich sinn beagan mu ainmean **anns an tuiseal ghinideach** 'in the genitive case' ann an **Cuspair 17**. Bheir sinn sùil air sin a-rithist an seo.

mac mo bhràthar | my brother's son
nighean a peathar | her sister's daughter
bràthair a mhàthar | his mother's brother
bràthair d' athar | your father's brother
piuthar Dhòmhnail | Donald's sister
mac bràthair Chalum | Calum's brother's son
nighean piuthar Màiri | Mairi's sister's daughter
mac piuthar Fhinn | Finn's sister's son



MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Mac piuthar Fhinn

?

We heard **mac piuthar Fhinn** 'Finn's sister's son' in the story about **Diarmad agus Gràinne**. Gaelic has no native words for uncle, aunt, nephew or niece, as Gaels traditionally made the distinction between **bràthair m' athar** 'paternal uncle' and **bràthair mo mhàthar** 'maternal uncle'. The phrase **mac piuthar Fhinn** means 'Finn's (sororal) nephew' and uses the genitive case to convey this belonging.

From the examples in the box above you may expect **mac peathar Fhinn** 'Finn's sister's son', or 'the son of the sister of Finn' but in genitive phrases like this only the last noun, **Fionn**, takes the genitive case. Refer to **26A Duilleag Mìneachaidh** for further explanation.

Sgrìobh ✎ + **Bruidhinn** 🗣️ - Gabh mionaid no dhà an toiseach airson na h-ainmean a th' air **bràithrean is peathraichean d' athar agus do mhàthar** agus na h-ainmean a th' air **mic is nigheannan do bhràithrean agus do pheathraichean** a sgrìobhadh. Thoir sùil air **26A Duilleag Mìneachaidh** airson barrachd fiosrachaidh. Nuair a tha na h-ainmean uile agad, sgrìobhte ann an seantansan, innis na h-ainmean do chuideigin anns a' chlas. Mar eisimpleir:

'S e Alasdair a th' air **bràthair m' athar**.

'S e Màiri a th' air **piuthar mo mhàthar**.

'S e Calum a th' air **mac mo pheathar**.

'S e Seonag a th' air **nighean mo bhràthar**.

7. Tòimhseachain | Riddles

A bharrachd air sgeulachdan, agus òrain, bha na Gàidheil uabhasach measail air **tòimhseachain** 'riddles'. Bidh tòimhseachain agus cleasan cainnte gu tric aig cridhe nan sgeulachdan, mar a chuala sinn anns an sgeulachd mu Dhiarmad agus Gràinne: *'Cha ghabh mi a-staigh thu, 's cha ghabh mi a-muigh thu, cha ghabh mi air each no air chois thu, cha ghabh mi ann an solas an latha no dorchadas na h-oidhche thu.'*

Ach aig glasadh an latha tha Gràinne air nochdadh aig stairsneach Dhiarmaid air gobhar:

'Ach, ge-tà,' arsa Gràinne, 'seall orm, a Dhiarmaid.' Thug Diarmad sùil oirre agus bha i air muin-goibhre letheach thairis air leac an dorais. 'Chan eil mi a-staigh,' ars' ise, 'no a-muigh. Chan eil solas an latha ann fhathast, ged nach eil i dorcha tuilleadh, agus chan eil mi air each no air chois.'

Air sgàth 's gu bheil Gràinne air fuasgladh fhaighinn air an rud a thuirt Diarmad, feumaidh e falbh leatha.



Bruidhinn 🗣️ - Le caraid sa chlas, leughaibh na tòimhseachain seo feuch an obraich sibh a-mach na freagairtean dhaibh! Nuair a tha sibh air ur freagairtean a sgrìobhadh, bruidhnibh ris a' chlas feuch an d' fhuair sibh uile na h-aon fhreagairtean.

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/track/49573

1. *Tha bràthair aig bràthair m' athar,
is cha bhràthair athar dhòmhsa e.*

2. *Chan ith thu e, is chan òl thu e,
is cha bhì thu beò as aonais.*

3. *Chan eil e a-muigh, chan eil e a-staigh,
is chan eil an taigh ann às a aonais.*

4. *Tha tòimhseachan agam ort,
chan e do cheann, chan e do chas,
chan e d' aodach, chan e d' fhalt,
chan e ball a tha nad chorp,
ach tha e ort, is cha tomhais thu e.*

5. *Thèid i a-null air a' chuan, thig i a-nall
air a' chuan, innsidh i naidheachd, is
cha chan i guth!*

Clann nan Gàidheal an guailibh a chèile! | Children of the Gaels shoulder to shoulder!
Is iomadh teine beag a bheòthaich agus teine mòr a chaidh às. | Many a small fire kindled
and many a big fire went out.

→ Theirigibh gu [26A Duilleag Mìneachaidh, 26B Duilleag Obrach, 26C Duilleag Geama]